

Am Prionnsa Teàrlach agus Ban-diùc na Còirn Sgrùdadh Bliadhnail 2008

SGRÙDADH BLIADHNAIL 2008

Is e adhbhar an Sgrùdadh Bliadhnail seo sealladh farsaing a thoirt seachad air gnìomhachdan oifigeil agus carthannach Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còirn, agus fiosrachadh a sholarachadh mu an teachd-a-steach agus an caiteachas oifigeil thairis air a' bhliadhna gu 31mh Màirt 2008.

Tha an Lèirmheas seo a' toirt iomradh air dreuchd agus obair Prionnsa na Cuimrigh, sa bheil trì prìomh eileamaidean: a' gabhail os làimh dleastanasan rìoghail mar thaic dhan Bhànrigh, ag obair mar neach-tionnsgain carthannais agus a' cur air adhart agus a' dìon thraidiseanan, feartan agus sàr-mhathas gu nàiseanta.

www.princeofwales.gov.uk

Tha fiosrachadh mionaideach mu na dleastanasan oifigeil uile air làrach-lìn a' Phrionnsa, a thuilleadh air òraidean, artaigilean agus raon farsaing de dh'fhèin fhiosrachadh agus de dh'fhìor fhiosrachadh.

FEARTAN SÒNRAICHTE

DUILLEAG 10 THE PRINCE'S RAINFORESTS PROJECT

DUILLEAG 12 TAIGH DHÙN FRIS

DUILLEAG 14 THE NORTH HIGHLAND INITIATIVE

DUILLEAG 16 THE BRITISH ASIAN TRUST

SUSBAINT

02 | 09 RO-RÀDH

02 | 03 Geàrr-chunntas

04 | 05 Dleastanasan agus

Gniomhachdan

06 | 07 Uallach àrainneachdail agus

sòisealta

08 | 09 Oighreachd Rìoghail na Còirn

10 | 13 FEARTAN SÒNRAICHTE

10 The Prince's Rainforests Project

11 Taigh Dhùn Fris

12 The North Highland Initiative

13 The British Asian Trust

14 | 18 A' TOIRT TAIC DHAN BHÀNRIGH

14 | 15 An Rìoghachd Aonaichte agus
thall thairis

16 | 18 Na Feachdan Armaichte

19 | 30 NEACH-TIONNSGAIN CARTHANNAIS

19 | 21 £122 millean dha carthannas

21 | 22 Cothrom agus iomairt

23 | 24 Gnothachas cunntachail

25 | 26 An àrainneachd dhùinte

27 | 28 Foghlam

29 Slàinte

30 Iomairt shòisealta

31 | 32 AG ADHARTACHADH AGUS A' DÌON

31 | 32 A' togail cheistean

33 | 52 TEACHD-A-STEACH, CAITEACHAS AGUS LUCHD- OBRACH

33 Cunntas teachd-a-steach agus
caiteachais

33 | 35 Teachd-a-steach agus

maoineachas

36 | 37 Caiteachas

38 | 42 Luchd-obrach

43 Tursan bliadhnail

43 Cosgaisean oifigeil air an

sgrùdadh le buidheann caiteachais

44 | 47 Cunntas seasmhachd

48 | 52 EÀRR-RÀDH

48 | 50 Cùraman Àrd-luchd-stiùiridh

51 | 52 Carthannais a' Phrionnsa

GEÀRR-CHUNNTAS

Tha an Lèirmheas Bhliadhnail seo a' còmhachadh na bliadhna gu 31mh Màirt 2008. A bharrachd air an ro-ràdh seo agus taghadh de thachartasan bhon bhliadhna a chaidh seachad, tha còig prìomh earrannan ann: aon co-cheangailte ri feartan sònraichte a' cur cuideam air obair thionnsgnaidhean agus charthannais Prionnsa na Cuimrigh; trì a' mìneachadh gach prìomh eileamaid de dhreuchd a' Phrionnsa Rìoghail; agus an còigeamh tè a' solarachadh fiosrachadh mionaideach air mar a tha a' ghnìomhachdan agus oifis air am maoinachadh agus a' mìneachadh mar a tha sin a' bualadh air an àrainneachd.

Ged nach eil dleastanas bun-reachdail stèidhte dha Oighre na Rìgh-chathrach, tha am Prionnsa a' feuchainn ri, le taic bho a mhnaoi Ban-diùc na Còirn, ri nas urrainn dha a choileanadh gus diofar a dhèanamh dha mathas na Rìoghachd Aonaichte gu h-eadar-nàiseanta.

Faodar an dòigh a th' aig a' Phrionnsa Rìoghail air sin a dhèanamh a roinn gu sìmplidh ann an trì earrainnean.

A' gabhail dhleastanasan os làimh mar thaic dhan Bhànigh

Tha seo a' ciallachadh gum bi am Prionnsa a' cur taic ris a' Bhànigh na dreuchd mar mheadhan chuimsichte airson uail nàiseanta, aonachd agus dìlseachd agus a' tarraing dhaoine còmhla thar gach raon den chomann shòisealta, a' riochdachadh seasmhachd agus leantainneachd, a' toirt euchd am follais agus a' cur cuideam air cho cudromach 's a tha seirbheis agus an raon saor-thoileach tro bhrosnachadh agus tro eisimpleir.

Ag obair mar neach-tionnsgain carthannais

Airson iomadh bliadhna tha Am Prionnsa air a bhith ag obair gus feumalachdan carthannais a dhearbhaithneachadh agus gus carthannais a stèidheachadh agus a stiùireadh air adhart mu choinneamh sin. An-diugh, tha The Prince's Charities, mar a tha na prìomh 19 buidhnean air an ainmeachadh, a' dèanamh suas an iomairt carthannais ioma-adhbharach as motha san Rìoghachd Aonaichte. Gach bliadhna, bidh Am Prionnsa Rìoghail a' cuideachadh le togail, gu dìreach no neo-dhìreach, barrachd na £100 millean gus taic a chur ri gnìomhachdan nan carthannas. A thuilleadh air an sin, tha Am Prionnsa air sia iomairtean sòisealta a chruthachadh, leis a' phrothaid ga thoirt do charthannas.

Ag adhartachadh agus a' dìon thraidiseanan nàiseanta, feartan agus sàr-mhathas

Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' cur taic ri coimhearsnachdan dùthchail Bhreatainn, ag àrdachadh fulangas agus tuigse nas motha eadar chreideamhan agus choimhearsnachdan, agus a' toirt euchdan am follais no ceistean nach fhaigheadh, às aonais a chuid taic, ach glè bheag de dh'aithneachadh. Air sgàth sin, bidh Am Prionnsa glè thrì ag obair mar neach-saoraidh airson deasbad agus atharrachadh a dhèanamh nas fhasa tro cheanglaichean le Ministearan Riaghaltais agus daoine eile le cumhachd, agus le bhith a' toirt seachad òraidean agus a' sgrìobhadh artaigilean. Ann a bhith a' dèanamh seo, tha e an-còmhnaidh faiceallach deasbad phoilitigeach a sheachnadh. Bidh e a' conaltradh le Ministearan mar bhall den Privy Council agus a thoirt iomradh air cùisean a tha air an togail le daoine nuair a bhios e a' dol mun cuairt na dùthcha.

Ann a bhith a' cur an cèill a dhleastanas mar Oighre na Rìgh-chathrach, tha Prionnsa na Cuimrigh a' faighinn taic sa h-uile nì bho a mhnaoi, Ban-diùc na Còirn. An àite a bhith a' lorg ìomhaigh làidir poblach dhi fhèin, is e dleastanas na Ban-diùc a bhith sa chiad àite a' toirt taic dhan duine aice, a' dol còmhla ris gu mòran de choinneamhan poblach air feadh na dùthcha agus thall thairis. Bidh a' Bhan-diùc cuideachd a' frithealadh thachartasan na h-aonar, agus a' cur an gnìomh obair carthannais is eile, ged an-uiridh dh'adhbhraich iar-shlànachadh às dèidh obair lannsa nach do fhritheil i uimhir de thachartasan poblach.

Duilleag 18 A' toirt taic dhan Bhànigh

Duilleag 24 Neach-tionnsgain Carthannais

Duilleag 38 Ag adhartachadh agus a' dìon

TEACHD-A-STEACH AGUS CAITEACHAS

A' bhliadhna gu 31mh Màirt	2008 £000an	2007 £000an
Teachd-a-steachd bho Fhearann Rìoghail na Còirn	16,273	15,174
Maoineachadh bho Tabhartasan-an-Cobhair agus Roinnean Riaghaltais	2,454	2,454
Teachd-a-steach iomlan agus maoineachadh	18,727	17,628
Caiteachas oifigeil 10,451 9,714		
Còrr às dèidh cosgaisean oifigeil	8,276	7,914
Cìsean	3,429	3,434
Caiteachas neo-oifigeil	2,217	2,614
Caiteachas calpa (le ìsleachadh), Pàigheadh air ais iasad agus gluasadan gu tasgaidhean	2,436	1,671
Còrr airgid	194	195

Airson fiosrachadh ionmhasail eachdraidheil tadhalaibh air:
www.princeofwales.gov.uk/mediacentre/annualreview

CUNNTAS SEASMHACHD

A' bhliadhna gu 31mh Màirt	2008 tunnaichean	2007 tunnaichean
Brùchdaidhean co-ionann CO₂		
Taigh	2,795	3,425
Tuathanas Dachaigh	2,459	2,314

Geàrr-chunntas

Tha an dòigh sa bheil Prionnsa na Cuimrigh a' cur an cèill a dhleastanasan poblach gu mòr air an aon ràmh bho bhliadhna gu bliadhna, agus ann an 2007-08 b' e na prìomh chuspairean an àrainneachd, an àrainneachd thogte (gu h-àraidh ann am planadh choimhearsnachdan nas seasmaiche agus ag adhartachadh ath-nuadhachadh cheàrnaidhean bochda), taic nan Urramach Rìoghail do na Feachdan Armaichte agus an obair às leth Bhreatainn air tursan thall thairis.

Tha Am Prionnsa air a bhith a' tarraing aire dhaoine airson grunn bhliadhnaichean gu na duilgheadasan dùbhlach co-cheangailte ri atharrachaidhean gnàth-shìde agus b' e stèidheachadh Rainforests Project aon tachartas sònraichte a ghabh àite tron bhliadhna (faic duilleagan 10 agus 11). Le Feachdan Bhreatainn an sàs timcheall an t-saoghail, gu h-àraidh ann an Iorac agus Afganastan, tha dreuchd chudromach aig an Teaghlach Rìoghail ann an adhartachadh na h-obrach is na h-iobairt agus ann an cumail suas misneachd am measg nan saighdearan agus an teaghlaichean. Ghabh Am Prionnsa agus A' Bhan-diùc grunn choinneamhan os làimh le na Feachdan Armaichte rè na bliadhna, a' gabhail a-steach buileachadh buinn còmhraig air luchd-seirbheis a thill o chionn ghoirid bho thursan cogaidh ann an Iorac agus Afganastan. Am measg an fheadhainn a thill bha am Prionnsa Araidh a' fhrithheil turas cogaidh airson 10 seachdainean ann an Afganastan còmhla ri a rèisimeid, Household Cavalry.

Mar a' bhliadhna roimhe sin, bha 2007-08 gu sònraichte dripeil a thaobh thursan a-null thairis. Ghabh na h-Urramaich Rìoghail pàirt ann an tursan oifigeil gu Uganda far, airson a' chiad turas, ghabh Am Prionnsa Teàrlach pàirt ann an Commonwealth Heads of Government Meeting thall thairis, dhan Tuirc, far a bheil an Rìoghachd Aonaichte a' cur taic ri leasachadh na Tuirc mar dheamocrasaidh saoghalta, agus gu còig dùthchannan sa Charaibian far am b' e an àrainneachd, An Co-fhlaitheas agus an strì an aghaidh cùl-mhùtaireachd dhrogaichean agus eucoir eadar-nàiseanta na prìomh chuspairean. Chaidh am Prionnsa a-null thairis grunn thursan leis fhèin, a' gabhail a-steach turas dhan Bheilg far an do bhruidhinn e ri Pàrlamaid na h-Eòrpa sa Bhruiseal mu dheidhinn atharrachadh gnàth-shìde.

TACHARTASAN AGUS GNÌOMHACHDAN

Ann an 2007-08, ghabh Prionnsa na Cuimrigh 609 choinneamhan oifigeil gu h-iomlan os làimh, le 77 dhiubh thall thairis agus ghabh Ban-diùc na Còirn 201 coinneamh os làimh le 50 dhiubh thall thairis. Tha na coinneamhan agus na gnìomhachdan a leanas a' sealltainn an raon obrach a tha aig na h-Urramaich Rìoghail rè na bliadhna.

Ag aoigheachd a' Chiad May Day Business Summit air Atharrachadh Gnàth-shìde

Sa Chèitean 2007, bha Prionnsa na Cuimrigh na neach-aoigh air a' chiad May Day Business Summit aig Lùchairt an Naoimh Sheumais gus an raon gnothachais a bhrosnachadh a bhith ag obair còmhla airson gnìomhan a chruthachadh a bhiodh feumail ann an dèiligeadh le atharrachadh gnàth-shìde. Thug an tachartas còmhla còrr air 1,000 stiùiriche gnothachais bho chompanaidhean mòra, beaga agus meadhanach ann an 10 thachartasan a' gabhail àite aig an aon àm air feadh na rìoghachd.

A' Tadhal air Sealtainn còmhla ri Bànrigh Nirribhigh

Sa Chèitean 2007, thàinig A' Bhànrigh Sonja à Nirribhigh a chuideachd an Diùc agus Ban-diùc Bhaile Bhòid, mar a tha na h-Urramaich Rìoghail aithnichte ann an Alba, ann an Sealtainn far an do dh'fhosgail iad còmhla Taigh-tasgaidh agus Tasglann Shealtainn ann am prìomh bhaile nan eilean, Lèiruig.

A' comharrachadh an 25mh ceann-bliadhna de chogadh nam Falklands

San Ògmhios 2007, ghabh Prionnsa na Cuimrigh le taic bho Bhan-diùc na Còirn, fàilteachadh nam mìltean de sheann saighdearan nam Falklands taobh a-muigh Lùchairt Bhuckingham mar phàirt de chuimhneachan nan 25 bliadhna bho sgair an cogadh.

Thug na h-Urramaich Rìoghail cuirm do sheann saighdearan nam Falklands aig Lùchairt an Naoimh Seumas, agus nam measg bha buill de South Atlantic Medal Association and Combat Stress dha bheil am Prionnsa na Neach-taic.

A' fosgladh Tritheamh Seanadh Nàiseanta na Cuimrigh ann an Cardiff còmhla ris A' Bhànrigh.

San Ògmhios 2007, thòisich Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còirn air an turas Samhraidh Bhliadhna dhan Chuimrigh le bhith a' frithealadh Tritheamh Seanadh Nàiseanta na Cuimrigh còmhla ris A' Bhànrigh. Rè an turais cheithir-là thadhail na h-Urramaich Rìoghail air Powys, Anglesey, Bangor agus Rhondda Cynon Taff.

Tha Ban-diùc na Còirn a' cur HMS Astute air bhog

San Ògmhios 2007, chuir Ban-diùc na Còirn HMS Astute air bhog, am bàt'-aigeil as motha agus as cumhachdaiche aig a' Chabhlach Rìoghail, sa phort ann am Barrow-in-Furness ann an Cumbria. Chuir a' Bhan-diùc an t-soitheach mhòr fo chumhachd niùclasach agus a chosg £3.5 billean air bhog san dòigh traidiseanta - cha b' ann le botal mòr champagne, ach le botal de leann shònraichte a chaidh a ghrùdadh le criutha a' bhàta.

A' Tadhal air Taigh Dhùn Fris an dèidh dha a bhith air a shàbhaladh dhan nàisean

San Iuchar 2007, thadhail Prionnsa na Cuimrigh airson a' chiad turas air an taigh eachdraidheil a thug e mar mheadhan a cheannach dhan nàisean aig cosgais £45 millean. Thug neach-iùil cuairt dhan Urramach Rìoghail tron Taigh ann an Inbhir Air an Ear, a chaidh a cheannach le co-bhanntachd fo stiùireadh a' Phrionnsa dìreach làithean mus robh an taigh agus an cruinneachadh eachdraidheil de dh'àirneis Chippendale agus àirneis eile bhon 18mh Linn a bh' ann, gu bhith air a reic agus air a sgaoileadh aig rup.

A' Comharrachadh tabhartas eaglaisean nam Mòr-chuid Dhubha gu beatha nàiseanta

San t-Samhain 2007, thadhail na h-Urramaich Rìoghail air Taigh Iosa aig Crois Bhrent ann an Ceann a Tuath Lunnainn, gus coinneachadh ri stiùirichean dubha Crìosdail bho air feadh na rìoghachd agus gus seirbheis shònraichte taingeachd a fhrithealadh, a bhathar a' cumail mar urram airson 59mh ceann-là breith a' Phrionnsa. Chaidh Am Prionnsa agus a' Bhan-dhiùc air chuairt tron eaglais agus choinnich iad ris an luchd-obrach saor-thoileach, buill eaglais agus buill den choitheanal, a' toirt dhaibh buidheachas airson an cuid obrach às leth na h-eaglais agus na coimhearsnachd.

Ban-diùc na Còirn a' buileachadh buinn turais Iorac air an 4mh Battalion The Rifles

San Dùbhlachd 2007, rinn a h-Urramach Rìoghail moladh air saighdearan a' 4mh Battalion The Rifles, nuair a bhuilich i orra buinn turais Iorac. Bha an Cath-bhuidheann, air a bheil a' Bhan-diùc na Còirneal Rìoghail, air tilleadh o chionn ghoirid bho sia mìosan sa Chamas Mhòr, far am faca iad cuid den chòmhraig a bu mhiosa den iomairt.

A' Bruidhinn aig co-labhairt "New Buildings in Old Places" ann an Lunnainn

San Fhaoilleach 2008, dh'ìarr Prionnsa na Cuimrigh gum biodh feartan eachdraidheil baile air an dìon agus e a' dèanamh òraid aig co-labhairt "New Buildings in Old Places" ann an Lùchairt an Naoimh Seumas. Bha an tachartas, a bha air urrasachadh le a dhà de charthannais a' Phrionnsa, airson deasbad air cùisean co-cheangailte ri leasachaidhean ùra ann an àiteachan eachdraidheil, gu h-àraidh an teis meadhain Lunnainn.

Prionnsa na Cuimrigh a' bruidhinn aig a' Phàrlamaid Eòrpach sa Bhruiseal

Sa Ghearran 2008, chuir an t-Urramach Rìoghail ìmpidh air a' choimhearsnachd eadar-nàiseanta compàirteachas cruinneil a chruthachadh gus obrachadh an aghaidh "sgrios Latha Luain" de dh'atharrachadh air gnàth-shìde, ann an òraid a rinn e aig a' Phàrlamaid Eòrpach sa Bhruiseal. Bha cuairt dà latha a' Phrionnsa dhan Bhruiseal a' leantainn air cuireadh a fhuair e airson tadhal air a' Choimisean Eòrpach bhon Cheann-suidhe, José Manuel Barroso.

Ban-diùc na Còirn a' tadhal air pròiseact Barnardo ann an Leicester

Sa Ghearran 2008, thadhail Ban-diùc na Còirn air pròiseact Barnardo CareFree ann an Enderby ann an Leicester. Fhad `s a bha i ann choinnich a h-Urramach Rìoghail, a thugadh air mar Cheann-suidhe Barnardo san Dàmhair 2007, ri mòran de na daoine òga a bha a' faighinn taic bhon ionad fhad `s a tha iad a' strì le dùbhlain co-cheangailte ri bhith a' coimhead làn-thìde às dèidh buill teaghlach a bha tinn no ciorramach.

A' Tadhal air Montserrat aig àm turas chòig eileanan Rìoghachdan agus dùthchannan a' Chofhlaitheis sa Charaibian

Sa Mhàirt 2008, thadhail na h-Urramaich Rìoghail air eilean Montserrat agus choinnich iad ri eileanaich a tha a' togail an eaconamaidh ionadail agus a' planadh prìomh bhaile ùr a' leantainn air an sgrìobhadh uabhasaich a dh'adhbhraich spreadhadh bholcàno ann an 1997. Thadhail a' chàraid Rìoghail cuideachd air Trinidad agus Tobago, St Lucia agus Iamàica nuair a bha iad air an turas Caraibianach airson 11 latha.

UALLACH ÀRAINNEACHDAIL AGUS SÒISEALTA

Tha Prionnsa na Cuimrigh air a bhith na stiùiriche àrainneachdail airson còrr is 30 bliadhna, ag obair dha gnothachasan, riaghaltasan agus le buidhnean nàiseanta is eadar-nàiseanta eile gus an àrainneachd a dhìon agus dèiligeadh le atharrachadh gnàth-shìde.

Tha Fàrdach nan Urramach Rìoghail a' coimhead ri an gualan agus am brùchdaidhean de ghasaichean taigh-glainne a lùghdachadh cho mòr 's a ghabhas, agus far nach gabh sin a dhèanamh, na brùchdaidhean a choinneachadh.

Tha lùghdachadh air caitheamh connadh gualain agus a' leasachadh èifeachdas lùtha na meadhan air brùchdaidhean gualain isleachadh, agus chaidh grunn cheuman a thoirt thairis air na bliadhnaichean a chaidh seachad gus brùchdaidhean a ghearradh sìos, agus nam measg tha ag atharrachadh Tòrr Beithe agus Highgrove gu dealan "uaine" bho fhreumhan seasmhach, a' cur a-steach innealan teasachaidh airson fiodh san dà àite-còmhnaidh, agus a' cur a-steach innealan teasachaidh nas èifeachdaiche ann an Taigh Clarence.

Tha brùchdaidhean co-cheangailte ri siubhal a' dèanamh suas pàirt mhòr de lorg gualain na Fàrdaich. Nuair a tha na h-Urramaich Rìoghail a' siubhal san Rìoghachd Aonaichte thathar ag amas air brùchdaidhean a lùghdachadh tro bhith a' cleachdadh chàraichean, trèanaichean agus itealain turbo, agus far an gabh e dèanamh air turais adhair a' chlàir-ama chumanta. A thuilleadh air an sin, ann a bhith a' gabhail ri agus ag eagrachadh thachartasan, tha nas motha aire ga thoirt ann an lùghdachadh astair siubhail. Gus brùchdaidhean iomlan a lùghdachadh ann an siubhal càir, tha càraichean Jaguar, Audi agus Range Rover a' Phrionnsa air an atharrachadh gus ruith air 100 sa cheud bith-diesel air a dhèanamh bho ola còcaireachd caithte, agus an Aston Martin aige a tha 38 bliadhna a dh'aois gus ruith air 100 sa cheud bith-ethanol air a dhèanamh bho chòrran fiona.

Is e siubhal thall thairis às leth an Riaghaltais aon de na nithean as motha a tha a' cur ri lorg gualain na Fàrdaich. Tha e uaireannan duilich tursan-adhair a' chlàir-ama chumanta a chleachdadh airson siubhal thall thairis air sgàth dreach toinnte prògram nan Urramach Rìoghail, cùisean tèarainteachd agus eileamaidean eile aig am bi feum air cleachdadh itealain phrìobhaideach. A thuilleadh air an sin, tha eagrachadh prògram thall thairis, a tha air a chur air dòigh le Oifis nan Dùthchannan Cèin agus Oifis a' Cho-fhlaitheis seach an Fhàrdaich, a' ciallachadh gum bi brùchdaidhean ag èirigh ann an cuid de bhliadhnaichean, an àite a dhol sìos, air sgàth na h-astair nas motha a dh'fheumar siubhal.

Ann an 2007, a' leantainn air crìoch lèirmheas àrainneachdail de ghnìomhachdan na Fàrdaich le Forum for the Future, chaidh targaid a shuidheachadh gus brùchdaidhean gualan dà-ogsaid co-ionann (CO₂e) a ghearradh gu h-iomlan le 12.5 sa cheud ro 2012. Thathar air a dhol thairis air an targaid seo sa chiad bhliadhna. Ann an 2007-08, thuit brùchdaidhean gualain le 18 sa cheud bho 3,425 tonna gu 2,795 tonna de CO₂e*. Chaidh seo a thoirt gu buil sa chiad àite tro atharrachaidhean ann an siubhal agus tionndadh gu solar dealain "uaine".

On bha an lùghdachadh an-uiridh co-cheangailte ri sàbhalaidhean neo-àbhaisteach, chan urrainnear a bhith a' dùileachadh lùghdachadh ceudna san àm ri teachd, agus dh'fhaodadh gum bi bliadhnaichean ann nuair a thèid na brùthdaidhean suas, is dòcha air sgàth feumalachdan siubhail oifigeil thall thairis. An dèidh sin a ràdh, air sgàth na h-iomagain a tha a' fàs a thaobh atharrachadh gnàth-shìde, tha an Fhàrdach air a targaid ath-sgrùdadh bho lùghdachadh 12.5 sa cheud gu lùghdachadh 25 sa cheud ro 2012 bho ìrean 2007.

Ged is e lùghdachadh air brùchdaidhean gasaichean taigh-glainne a' chiad agus an ìre as cudromaiche ann an isleachadh lorg gualain na Fàrdaich, far nach urrainnear lùghdachadh a thoirt gu buil tha brùchdaidhean air an coinneachadh tro raon de phròiseactan leasachaidh seasmhach àrd ghnèitheach san Rìoghachd Aonaichte agus thall thairis. Tha cleachdadh uisge, pàipeir agus lùtha cuideachd air an sgrùdadh, mar phrìomh thaisbeanair de choileanadh àrainneachdail. Tha tuilleadh fiosrachaidh ga thoirt seachad sa Chunntas Seasmhachd air duilleag 54.

* Tha brùchdaidhean gualain na Fàrdaich airson 2008 air a bhith fo smachd àrachais neo-eisimeileach. Tha tuilleadh fiosrachaidh ri fhaotainn aig www.princeofwales.gov.uk

Am-bliadhna airson a' chiad uair chaidh brùchdaidhean air Tuathanas na Dachaigh, tuathanas a' Phrionnsa ann an Siorrachd Gloucester, am mion-sgrùdadh. Tha e doirbh a bhith neo-mhearachdach nuair a thathar a' tomhais bhrùchdaidhean tuathanais, ach ann an 2007-08 bha iad air am meas aig 2,459 tonna CO₂e. Tha an Fhàrdach an-dràsta ag obair còmhla ri Forum for the Future a thaobh aontachadh air targaidean lùghdachaidh iomchaidh.

Cho math ri bhith a' dèanamh nas urrainn dha gus a lorg gualain fhèin a lùghdachadh, tha Prionnsa na Cuimrigh a' stiùireadh grunn phròiseactan a tha ag amas air buaidh nas làidire a thoirt gu buil air atharrachadh gnàth-shìde. San t-Sultain 2007, chuir e air bhog "ClimateWise Principles" le raon àrachais na dùthcha. Tha na sia prionnsapalan, a tha a' gabhail a-steach gealltanasan gus taic a chur ri mothachadh am measg luchd-ceannachd agus a bhith mothachail dha atharrachadh gnàth-shìde ann an ro-innleachdan tasgaidh, air an togail le 38 companaidhean cliùiteach àrachais, nam measg tha na 10 companaidhean as cliùitiche san Rìoghachd Aonaichte.

Ag aithneachadh gu bheil àite aig gnìomhachas nam peinnseanan cuideachd, ghairm an t-Urramach Rìoghail coinneamh ann an Lùchairt an Naoimh Seumas anns an t-Samhain 2007 de ochd de na maoinen peinnsein poblach as motha air an t-saoghal gus deasbad air ro-innleachdan tasgaidh a bhiodh a' dèiligeadh le atharrachadh gnàth-shìde, agus gus amas air seata de phrionnsapalan leis am faodadh iad obrachadh.

Tha Am Prionnsa a' cumail air a' brosnachadh na coimhearsnachd gnothachais air fad gus togail air dòighean-obrach a tha nas bàidheile dhan àrainneachd. Air 1ad Cèitean 2007, ghabh e pàirt sa chiad May Day Business Summit, a bha ag amas air brosnachadh agus ìmpidh a chur air an raon gnothachais gus obrachadh còmhla a dhèiligeadh le atharrachadh gnàth-shìde.

Thug an tachartas còrr air 1,000 stiùiriche gnothachais còmhla bho chompanaidhean mòra, beaga agus meadhanach, ann an 10 tachartasan a' gabhail àite aig an aon àm air feadh na tìre, air a stiùireadh le Coinneamh bho Lùchairt an Naoimh Seumas a bha air a frithealadh leis an Urramach Rìoghail.

Anns a' bhliadhna bho May Day Summit, tha 831 companaidh air ballrachd a ghabhail ann an "May Day Network" - ga dhèanamh mar a' bhuidhinn as motha san Rìoghachd Aonaichte de chompanaidhean ag obair còmhla gus dèiligeadh le atharrachadh gnàth-shìde. Tha buill na Lìonraidh a' roinn shamhlaidhean de na dòighean obrach as fheàrr mar teicneòlas ùr agus tionnsgnaidhean àrainneachdail agus a' brosnachadh an luchd-obrach, an solaraidhean agus an luchd-ceannachd an nì ceudna a dhèanamh. Thuige seo, tha còrr air 5,000 gealltanais air a thoirt seachad agus tha 92 sa cheud de luchd-compàirt air gealltainn an lorgan gualain a thomhais. Cuideachd, tha grunn chompanaidhean air caidreachasan a chruthachadh an taobh a-staigh an gnìomhachasan fhèin gus dòigh-obrach stèidhte air raon-obrach a chur an gnìomh ann an còmhragadh atharrachadh gnàth-shìde. Bha an dàrna May Day Summit air a cumail sa Chèitean 2008.

Chunnaic a' bhliadhna a chaidh seachad crìoch air The Prince's Accounting for Sustainability Project, a chuir an t-Urramach Rìoghail air bhonn ann an 2006 gus companaidhean agus buidhnean san raon phoblach a chuideachadh le bhith a' stèidheachadh mhodhan seasmhach sna co-dhùnaidhean aca, ann an obair bho latha gu latha agus anns na dòighean cunntaidh, agus builean seasmhachd aithris ann an cumadh simplidh agus cunbhalach. Leasaich am Pròiseact Accounting for Sustainability Connected Reporting Framework, agus chuir iad làrach-lìn air bhonn (www.sustainabilityatwork.org.uk) gus stiùireadh agus comhairle a thairgsinn. Tha an Fhàrdach air gabhail ri Frèam Aithris Ceangailte ri Cunntas dha Seasmhachd am-bliadhna, agus tha builean seasmhachd air an aithris aig deireadh an Lèirmheas seo ri taobh an fhiosrachaidh ionmhasail co-cheangailte ris.

Mu dheireadh, an-uiridh chaidh The Prince's Rainforests Project a chur air bhog. Tha tuilleadh fiosrachaidh mun pròiseact ri fhaotainn air duilleagan 10 agus 11, agus aig www.princesrainforestsproject.org.

Targaidean lùghdachaidh air brùchdaidhean gualain san Fhàrdaich

A' CHIAD TARGAID

2007-2012 12.5%

AIR A THOIRT GU BUIL

2007-2008 18.4%

TARGAID ÙR

2007-2012 25.0%

OIGHREACHD RÌOGHAIL NA CÒIRN

Is e oighreachd phrìobhaideach a th' ann an Oighreachd Rìoghail na Còirn a bhios a' maoinachadh gnìomhachdan poblach, carthannach agus prìobhaideach Prionnsa na Cuimrigh agus a theaghlach. Tha 54,521 hectair de dh'fhearann ann an 23 siorrachdan, a' chuid as motha ann an Iar Dheas Shasainn. Mar Dhiùc na Còirn tha am Prionnsa gu mòr an sàs ann an ruith na h-Oighreachd, agus is e fheallsanachd piseach a thoirt air an oighreachd agus a fàgail ann an suidheachadh nas fheàrr agus nas làidire aig Diùcan eile san àm ri teachd.

Tha am Prionnsa, mar Dhiùc na Còirn, airidh air teachd-a-steach iomlan bliadhnaile na h-Oighreachd. Chan eil e airidh air toradh no prothaid bho reic mhaoinean calpa na h-Oighreachd, a tha air an cumail san Oighreachd gus teachd-a-steach a sholarachadh dha luchd-tairbhe san àm ri teachd. Chan eil an Oighreachd fo smachd cis chorporaid o nach e companaidh a th' ann ('s e sin, buidheann laghail air leth fo smachd chisean teachd-a-steach - san aon dòigh ri, mar eisimpleir, nach eil com-pàirteachas na bhuidheann laghail air leth fo smachd chisean teachd-a-steach), ach tha an t-Urramach Rìoghail a' pàigheadh cis teachd-a-steach gu saor-thoileach air teachd-a-steach iomlan na h-oighreachd.

Tha an oighreachd fearainn air a dèanamh suas à seilbh àiteachasail, coimearsalta agus còmhnaidheil. Tha màileid de thasgaidhean ionmhasail aig an Oighreachd cuideachd. Is e an ro-innleachd tasgaidh seilbh fad-ama a bhith a' sealbhachadh, a' stiùireadh agus far an gabh e dèanamh, a bhith a' leasachadh na màileid chothromaich a th' ann de sheilbh àrd-ghnèitheach. Bidh an ro-innleachd seo an sàs ann a bhith a' faighinn cuibheas de sheilbh a tha a' chòrr, a' cur an seilbh ann an cumail suas agus leasachadh na h-oighreachd a th' ann agus a' faighinn togalaichean ùra a tha ag aontachadh ri amasan tasgaidh na h-Oighreachd.

Tha gnòthaichean ionmhais na h-Oighreachd air an stiùireadh le Roinn an Ionmhais, le cuideam sònraichte air dèanamh cinnteach gu bheil airgead calpa na h-Oighreachd air a ghleidheadh dha luchd-tairbhe san àm ri teachd. Mar eisimpleir, chan urrainn dha gnòthaichean fearainn thairis air £500,000 a bhith air an coileanadh ach le aonta Roinn an Ionmhais. Tha na toraidhean ionmhasail airson 2007-08 air a bhith làidir ann am margaid chugallach sna raointean tasgaidh leis am bi an Oighreachd a' dèiligeadh. Mheudaich an Cunntas Calpa ann an luach de ochd sa cheud gu £647 millean, air sgàth cha mhòr air fad am fàs bliadhnaile as motha ann an luach talamh àitich airson 25 bliadhna. Mheudaich an Còrr Teachd-a-Steach airson na bliadhna le seachd sa cheud gu £16.27 millean.

Is e Pounbury aon de na pròiseactan as motha aig an Oighreachd, an togail air fearann na h-Oighreachd de leudachadh air baile Dorchester ann an Dorset. Thairis air na fichead bliadhna a chaidh seachad tha an Oighreachd air cuideachadh le faireachdainn coimhearsnachd a thogail ann am Poundbury le bhith a' fillleadh taigheadais prìobhaideach is sòisealta, le bhith a' dealbhadh shràidean do luchd-coiseachd, a' togail cuideam siubhail le bhith a' fillleadh oifis, coimearsalta, agus goireasan gnìomhachasail aotrom ann an ceàrnaidhean còmhnaidheach, agus a' dealbhadh thogalaichean a tha freagarrach dhan choimhearsnachd ionadail agus a' dol le traidisean ailtireachd an àite. Tha soirbheachadh Poundbury, an leasachadh a tha air a stiùireadh gu pearsanta leis a' Phrionnsa, air ùidh a thogail bho air feadh an t-saoghail agus gach bliadhna tha an Oighreachd a' toirt aogheachd dha timcheall air 80 tadhal oifigeil bho bhuidhnean de chaochladh sheòrsa a tha an sàs ann am planadh agus leasachadh san Rìoghachd Aonaichte agus thall thairis.

Tron bhliadhna a chaidh seachad, chaidh na 12 acair de dh'fhearann airson leasachadh measgaichte ann an Ire 2 a leigeil mu sgaoil, agus chaidh dealbhaidhean dha ionad-meadhain a' phròiseict air fad, Ceàrnag Màthair na Bànrìghe, a dhaingneachadh. Tha timcheall air leth de phròiseact Poundbury a-nis air a thogail. Tha lùghdachadh air buaidh an leasachaidh air an àrainneachd na phrìomh amas aig Poundbury, agus thathar an dòchas tòiseachadh ag obair a dh'aithghearr air cur a-steach siostam teasachaidh ùr sgìreil dhan Cheàrn an Iar Dheas gus teas agus cumhachd a sholarachadh bho bhunan seasmhach.

B' e aon de na nithean cudromach an-uiridh, gun do chuir an Oighreachd crìoch air ceannachd tuathanas de 192 acair anns a' Chuimrigh sa Mhàirt 2007, faisg air Myddfai ann an Siorrachd Carmarthen. Aon uair agus gum bi an t-ath-nuadhachadh agus an t-atharrachadh air tuathanas Llwynywermod crìochnaichte san t-Samhradh 2008, bidh e na dhachaigh dha Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còirn nuair a bhios iad sa Chuimrigh. Bidh an togalach air a leigeil a-mach cuideachd air màl mar ionad cho-labhairtean air stèidh choimearsalta, agus bidh àireamh de na h-aonadan-còmhnaidh a bharrachd rim faotainn air màl airson saor-làithean nuair nach bi feum orra airson nì sam bith eile. Tha an Oighreachd air feuchainn ri stuthan ionadail agus sgioba obrach às an àite a chleachdadh gus an tuathanas atharrachadh ann an dòigh sheasmhach, a' fillleadh a-steach teasachadh bith-thomad fiodha agus mòran feartan eile a tha freagarrach dhan àrainneachd.

Tha an Oighreachd a' cumail oirre a' leudachadh gnothachais nan taighean saor-làithean air màl, agus chaidh crìoch air trì taighean ann an 2007-08 a' toirt an àireamh iomlan de thaighean suas gu 10. Tha 12 taigh eile gan togail a' gabhail a-steach naoi anns a' Chòrn aig Restormel. Tha Taigh Restormel ann an teis meadhain Taigh Mòr Restormel, aon de na chiad Taighean Mòra a chaidh a bhuileachadh air an Oighreachd ann an 1337. Chan eil na togalaichean a-muigh tuilleadh freagarrach airson àiteachas an latha an-diugh agus, a' leantainn air neach-gabhail an taighe falbh, tha Oighreachd na Còirn air tòiseachadh air pròiseact a thaobh an Taigh Mòr agus togalaichean an tuathanais atharrachadh agus a dhèanamh suas gus a bhith cinnteach gum bi maoin eachdraidheil a tha glè chudromach air a ghleidheadh airson na h-ama ri teachd.

B' e togail nan ceithir cidheachan air Eileanan Scilly pròiseact chudromach eile ann an 2007-08. Tha na structairean ùra comasach air gabhail ri soithichean nas motha agus tha iad mothachail do chuspairean mar èirigh ìrean mara, slàinte is sàbhailteachd agus cumail suas fad-ùine. Bha cosgais iomlan togail nan cidheachan aig £4.3 millean, ach thaisg an Oighreachd £2.3 millean ann agus thàinig maoin eachadh £2 mhillean mar thabhartas Roinn a' Chòmhdhail. Thathar an dùil gum bi na cidheachan freagarrach gu leòr airson ruigsinneachd thèarainte agus shàbhailte a sholarachadh gu agus às na h-eileanan dha luchd-còmhnaidh, luchd-tadhail agus solar airson co-dhiù 50 bliadhna.

Ann an àiteachan eile, tha an Oighreachd a' cur an gnìomh feallsanachd a' Phrionnsa ann an solarachadh thaighean dùthchail nach eil cho cosgail. Tha grunn sgeamaichean air fearann na h-oighreachd a tha aig diofar ìrean leasachaidh agus dh'fhosgail Am Prionnsa fear ann an Bletchingdon ann an Siorrachd Oxford sa Ghearran 2008, a sholarachas dachaighean dha daoine às an àite.